

## IARRTASAN ÀITEACHAN-SGOILE

Mar phàrant, faodaidh sibh iarraidh gun tèid am pàiste no a' chlann agaibh oideachadh ann an sgoil eile seach sgoil na sgìre-sgoile agaibh. Tha seo a' buntainn a-mhàin ri bun-sgoil is àrd-sgoil agus chan eil ri solar tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne. 'S e iarrtas àite-sgoile a chanas sinn ris an iarrtas seo.

Ma tha Feumalachdan Taice a Bharrachd aig ur pàiste, tha cuideachd làn-chòir agaibh iarrtas àite-sgoile a dhèanamh do sgoil speisealta ionadail no do sholar speisealta taobh a-muigh sgìre na Comhairle.

Ma tha sibh airson iarrtas àite-sgoile a dhèanamh airson ur pàiste ann am barrachd air aon sgoil, cha bheachdaich an t-ùghdarras ach air a' chiad sgoil a thèid ainmeachadh. Tha an dleastanas seo air a mhìneachadh fo Achd an Fhoghlaim (Alba) agus Achd na Taic a Bharrachd airson Ionnsachaidh (mar a chaidh atharrachadh) 2009.

Tha adhbharan matha foghlaim ann airson feuchainn ri dèanamh cinnteach gur ann aig toiseach seisein sgoile a thèid clann a ghluasad gu sgoil ùr. Tha sinn a' moladh gu làidir do phàrantan a tha a' beachdachadh air iarrtas a chur a-steach airson àite-sgoile (mura h-eil iad a' gluasad gu dachaigh no sgìre ùr) seo a dhèanamh.

Nithear gach oidhirp gus feuchainn ri miann nam pàrant a choileanadh ach chan eil e an-còmhnaidh comasach gach iarrtas gu sgoil àraid a bhuileachadh. Chan eil leantainneachd barantaichte ann bho chlas sgoil-àraidh gu Clas 1 do phàiste a chaidh a chlàrachadh ann an clas sgoil-àraidh taobh a-muigh na sgìre ionadail, agus chan eil leantainneachd barantaichte ann bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil. Bhiodh feum air iarrtas àite-sgoile eile.

### 1 Mar a bu Chòir Iarrtas a Dhèanamh

Ma tha sibh airson iarrtas àite-sgoile a dhèanamh, lionaibh seo air-loidhne aig:  
[https://self.highland.gov.uk/service/enrol\\_your\\_child\\_in\\_a\\_school\\_outside\\_your\\_catc\\_hment\\_area](https://self.highland.gov.uk/service/enrol_your_child_in_a_school_outside_your_catc_hment_area)

Feumaidh an leanabh agaibh a bhith clàraichte an toiseach aig sgoil na sgìre-sgoile agaibh no sgoil Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) na sgìre-sgoile agaibh mus tèid

measadh a dhèanamh air iarrtas àite-sgoile. Mura h-eil an leanabh agaibh clàraichte mar-thà, lionaibh am pròiseas air-loidhne mus cuir sibh a-steach iarrtas àite-sgoile.

Mura h-eil cothrom agaibh am pròiseas a lìonadh air-loidhne, bu chòir dhuibh foirm pàipeir iarrtas Àite-sgoile a lìonadh, agus tha seo ri fhaotainn bhon sgoil anns a bheil sibh ag iarraidh àite dhan leanabh agaibh.

## 1.1 Clann san Aon Teaghlach

Ma tha piuthar no bràthair aig ur pàiste a tha mar-thà a' frithealadh na sgoile a tha sibh ag iarraidh aig an àm a bhios an t-iarrtas àite-sgoile a' tòiseachadh, me an ceann-latha a bhios an sgoil a' tòiseachadh san Lùnastal ma tha sibh a' cur iarrtas a-steach airson seisean sgoile ùr, innisibh seo air an fhoirm iarrtais airson àite-sgoile.

## 1.2 Mar a Thathar a' Dèanamh Cho-dhùnaidhean:

Tha a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu fhaighinn a-steach a' gabhail aire do na nithean a leanas ann an òrdan a rèir prìomhachais:

1. Sgoilearan a' fuireach taobh a-staigh sgìre chruinn-eòlasach na sgoile air a bheilear a' beachdachadh, no sgoilearan a' sireadh Foghlam tron Ghàidhlig a tha a' fuireach taobh a-staigh sgìre-sgoile FtG na sgoile air a bheilear a' beachdachadh.\*
2. Àite-sgoile air a chur air dòigh leis an ùghdarras ionadail airson adhbhar sam bith (me adhbharan meidigeach dearbhte no feumalachdan taice a bharrachd a bhiodh air am frithealadh na b' fheàrr san sgoil sin; no air sàillibh cuibhreachadh air àireamhan a' tighinn a-steach do sgoil na sgìre-sgoile).
3. Creideamh (sgoiltean seòrsaichte a-mhàin).

*\*Bu chòir do sgoilearan a tha a' sireadh Foghlam tron Ghàidhlig (FtG), nach eil fhathast taobh a-staigh sgìre-sgoile shònraichte, fios a chur gu Oifis na Sgìre aca mu chlàrachadh ann an sgoil fhreagarrach a tha a' tabhann FtG.*

Bidh clàrachaidhean sgoile nach eil air an còmhach fo na slatan-tomhais shuas fo ùmhlachd pròiseas nan iarrtasan àiteachan-sgoile. Tha co-dhùnaidhean mu fhaighinn a-steach a' gabhail aire do na leanas ann an òrdan a rèir prìomhachais:

1. Sgoilearan a tha a' fuireach taobh a-staigh Sgìre na Gàidhealtachd.
2. Adhbharan meidigeach dearbhte no feumalachdan taice a bharrachd a bhiodh air am frithealadh na b' fheàrr san sgoil sin.
3. Peathraichean no bràithrean de sgoilearan a tha mar-thà a' dol dhan sgoil sin.

4. Sgoilearan a tha a' fuireach taobh a-staigh sgìre-sgoile airson sgoil do nach eilear a' dèanamh iarrtas-sgoile agus far a bheil àireamhan a' tighinn a-steach air an cuibhreachadh.
  5. Làthaireachd aig bun-sgoil cho-cheangailte (Iarrtasan ÀS1 a-mhàin).
  6. An t-astar eadar an dachaigh agus an sgoil.
  7. Sàbhailteachd rathaid/furastachd siubhail.
- Aon uair is gu bheil pàiste bho thaobh a-muigh na sgìre-sgoile ionadail air àite a ghleidheadh, cha tèid iarraidh orra gluasad gus àite a dhèanamh do phàiste a tha air gluasad a-steach dhan sgìre-sgoile.
  - Thèid àite a ghleidheadh ann an sgoil na sgìre-sgoile do chloinn dhan do rinn pàrantan iarrtas airson àite ann an sgoil eile, gus am bi fios air toradh an iarrtais.
  - Bu chòir iarrtas àite-sgoile a tha air a bhuileachadh airson toiseach seisein sgoile ùr a bhith air a ghabhail taobh a-staigh mìos bho thoiseach an t-seisein sin. Cuideachd, bu chòir iarrtas àite-sgoile airson gluasad gu sgoil eile taobh a-staigh na bliadhna sgoile, a bhith air a ghabhail taobh a-staigh mìos bhon cheann-latha air an deach an t-iarrtas a bhuileachadh. Ma tha iarrtasan àite-sgoile air am buileachadh is nach eil iad air an gabhail taobh a-staigh nan amannan seo, bithear dhen bheachd nach eilear gan iarraidh tuilleadh. Ma thathar fhathast ag iarraidh an àite, feumar iarrtas àite-sgoile eile a chur a-steach.
  - Ged a bhiodh iarrtas àite-sgoile soirbheachail ann am bun-sgoil aig pàiste, chan eil seo a' toirt leantainneachd dhan àrd-sgoil cho-cheangailte, ma tha seo eadar-dhealaichte bho àrd-sgoil sgìre-sgoile a' phàiste. Bidh feum air iarrtas àite-sgoile eile.
  - Chan eil làn-chòir air còmh dhail aig pàrantan a tha a' cur a-steach iarrtas àite-sgoile dhan phàiste aca ann an sgoil taobh a-muigh na sgìre-sgoile aca. Ma thèid iarrtas àite-sgoile a bhuileachadh, tha còmh dhail an urra ri pàrantan. Faodaidh iad, ge-tà, iarrtas àite-sgoile a lìonadh airson còmh dhail air stèidh lasaichte. Ma bhios seo ri fhaotainn, mar as trice bidh cosgais ann. Tha còmh dhail lasaichte (àiteachan 'sochair') air a tabhann ma tha àiteachan gu leòr sa charbad agus 's dòcha gun tèid seo a thoirt air falbh mura h-eil suidheachan ri fhaotainn tuilleadh. Tha còmh dhail lasaichte air a toirt seachad a rèir nan teirmean is nan cumhaichean a tha air am mìneachadh ann am poileasaidh Còmh dhail Sgoile Chomhairle na Gàidhealtachd aig: [poileasaidh còmh dhail sgoile](#).

### 1.3 Adhbharan airson Iartras Àite-sgoile a Dhiùltadh

Faodaidh Comhairle na Gàidhealtachd àite a dhiùltadh do phàiste san sgoil a tha am pàrant ag iarraidh gus àiteachan a ghleidheadh do chloinn aig aois sgoile ann an teaghlaichean a' tighinn a-steach dhan sgìre-sgoile, no airson aon sam bith de na h-adhbharan a leanas.

1. Nam biodh àite airson a' phàiste a' ciallachadh:

- gum feumadh an t-ùghdarras tidsear eile fhastadh
- gum biodh cosgais shusbainteach an lùib a bhith a' leudachadh no ag atharrachadh togalaichean-sgoile no
- goireasan air an solarachadh a thaobh na sgoile
- gun toireadh seo droch bhuaidh air leantainneachd foghlaim a' phàiste
- gun toireadh seo droch bhuaidh air òrdugh is modh san sgoil
- gun toireadh seo droch bhuaidh air soirbheas foghlaim nan sgoilearan
- gum biodh feum air clas a bharrachd no tidsear a bharrachd fhastadh nas fhaide air adhart ann am foghlam a' phàiste sa bhun-sgoil fiù 's nam biodh àireamhan sgoilearan a' fuireach aig an aon ìre
- gum bithear a' dol thairis air meud-comais iomlan na sgoile, fiù 's ged a bhiodh àite ann an clas is ged nach biodh feum air goireasan a bharrachd

2. Mura h-eil am foghlam as àbhaist a bhith air a thoirt seachad san sgoil a' freagairt air aois, comas no sgil a' phàiste.

3. Ma tha Ùghdarras an Fhoghlaim mar-thà air làthaireachd a' phàiste san sgoil a thoirt gu crìch.

### 1.4 Raon-ama airson Tighinn gu Co-dhùnaidhean

Tha na raointean-ama airson a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean mu iarrtasan àite-sgoile air am mìneachadh gu h-ìosal.

- Ma tha sibh ag iarraidh gun tòisich ur pàiste san sgoil a tha sibh a' roghnachadh aig toiseach bliadhna na sgoile san Lùnastal, feumaidh sibh iartras a chur a-steach ro 15 Màrt. Bidh co-dhùnadh agaibh ro 30 Giblean.
- Ma chuireas sibh a-steach iartras airson na teirm ùir sgoile às dèidh 15 Màrt gheibh sibh fios mun cho-dhùnadh taobh a-staigh dà mhìos bhon àm a chaidh an t-iartras agaibh fhaotainn.
- Ma tha sibh airson 's gun gluais ur pàiste gu sgoil eile rè bliadhna na sgoile, gheibh sibh freagairt taobh a-staigh dà mhìos bhon àm a chaidh an t-iartras agaibh fhaotainn.

Cho luath 's a tha co-dhùnadh air a dhèanamh, thèid fios a chur thugaibh ann an litir. Ma tha sibh soirbheachail, cuiridh an sgoil fios thugaibh gus ullachaidhean a chur air dòigh airson clàrachadh. Mura h-eil sibh soirbheachail, innsidh an litir mar a bu chòir dhuibh ath-thagradh a dhèanamh, ma tha sibh ag iarraidh.

### **1.5 Ma Thèid ur n-iarrtas a Dhiùltadh – Ath-thagraidhean**

Ma thèid an t-iarrtas agaibh a dhiùltadh, bidh còir agaibh ath-thagradh do chomataidh ath-thagraidh. Mura faigh sibh freagairt taobh a-staigh nan raointean-ama shuas, thathar a' dèiligeadh ris an iarrtas agaibh mar gun deach a dhiùltadh. Ma chaidh pàiste no neach òg le plana taic co-òrdanaichte, no ma thathar ag ullachadh plana dhaibh, a dhiùltadh bu chòir an t-ath-thagradh a dhèanamh do Thribiunail na Ciad Ìre. [Contact Us | First-tier Tribunal for Scotland \(Health and Education Chamber\)](#)

Gheibhear fiosrachadh mu na dòighean-obrach a' buntainn ri bhith dèanamh ath-thagradh bho Oifis Foghlaim agus Ionnsachaidh na Sgìre agaibh (seòlaidhean aig deireadh na sgrìobhainn seo). Ro àm an ath-thagraidh bidh fios agaibh carson a chaidh an t-iarrtas àite-sgoile agaibh a dhiùltadh agus gheibh sibh cothrom a' chùis agaibh a thaisbeanadh gu pearsanta no tro riochdaire, ge bith dè as fheàrr leibh.

Ma thathar a' diùltadh an ath-thagraidh, tha còir agaibh ath-thagradh a bharrachd fhaighinn chun an t-Siorraidh. Ma tha Feumalachdan Taice a Bharrachd aig pàiste, ma dhiùltas an Tribiunal an t-iarrtas agaibh, tha còir agaibh ath-thagradh a dhèanamh air puing lagha do Chùirt an t-Seisein.

## **OIFISEAN CÙRAIM & IONNSACHAIDH SGÌREIL**

### **Oifis Cùraim agus Ionnsachaidh na Sgìre a Tuath**

Druim Muighe  
Goillspidh  
Cataibh  
KW10 6TA

✉: [CL.NorthAdmin@highland.gov.uk](mailto:CL.NorthAdmin@highland.gov.uk)

### **Oifis Cùraim agus Ionnsachaidh na Sgìre Meadhain**

Togalaichean na Siorrachd  
Inbhir Pheofharain  
IV15 9QN

✉: [cl.adminmid@highland.gov.uk](mailto:cl.adminmid@highland.gov.uk)

### **Oifis Cùraim agus Ionnsachaidh na Sgìre a Deas**

Rathad Ghlinn Urchadain  
Inbhir Nis  
IV3 5NX

✉: [carelearningadmin@highland.gov.uk](mailto:carelearningadmin@highland.gov.uk)

### **Oifis Cùraim agus Ionnsachaidh na Sgìre an Iar**

Àrainn Fhinn  
Rathad Viewfield  
Port Rìgh, An t-Eilean Sgitheanach  
IV51 9ES

✉: [CLLochaberAdmin@highland.gov.uk](mailto:CLLochaberAdmin@highland.gov.uk)